

<b>TIOTAL-OBACH</b>	Iar-Mhanaidsear Aoigheachd
<b>ROINN</b>	Roinn na h-Aoigheachd
<b>AN URRA RI</b>	Manaidsear Aoigheachd
<b>UALLACH AIRSON</b>	Luchd-obrach an Ionaid Fàilte
<b>SGÈILE THUARASTAIL</b>	J1 Iar-Mhanaidsear Roinne / Manaidsear Sgioba (Png 22–28)
<b>PRÌOMH ÀITE-OBACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

## PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

Taic a thoirt le bhith stiùireadh Roinn na h-Aoigheachd agus goireasan tachartais, co-labhairte is àiteachan-fuirich na Colaiste agus obair a' Mhanaidsear Aoigheachd a ghabhail os làimh nuair nach bi iad an làthair.

## PRÌOMH UALLAICHEAN

### Gàidhlig

- Gàidhlig a chleachdadh a h-uile cothrom a th' agad, gu h-àraidh le oileanaich, a chuidicheas gus àrainneachd chàirdeil, làn-bhogaidh sa chànan a chruthachadh
- Gàidhlig a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach air fad
- Do chuid Gàidhlig a leasachadh ann an sgrìobhadh, labhairt agus leughadh

### Iar-manaidsear na roinne

- Obair a' Mhanaidsear Aoigheachd a ghabhail os làimh nuair nach eil iad an làthair, a bharrachd air a bhith a' stiùireadh an luchd-obrach san roinn
- A' dèiligeadh agus a' conaltradh ri oileanaich, luchd-obrach agus aoighean a thaobh thachartasan, cho-labhairtean agus choinneamhan aig ìre phroifeiseanta
- A' clàradh tinneis agus a' toirt cead a thaobh shaor-làithean, ùine dheth, trèanaidh is msaa
- Luchd-obrach an Ionaid Fàilte a stiùireadh agus a thrèanadh, a' gabhail a-steach cur ri chèile clàran-obrach
- Uallach airson an inneil-airgid agus ag òrdachadh airgead air a shon tron sgioba ionmhais againn
- Ag obair le roinnean eile mar a bhios iomchaidh gus riatanasan nan aoighean uile a choileanadh, m.e., Roinn Càraidh, Ionmhais, Margaideachd agus Foghlaim
- A' riochdachadh Roinn na h-Aoigheachd air comataidhean na Colaiste mar a bhios iomchaidh, nuair nach eil am Manaidsear Aoigheachd an làthair

### Co-labhairtean is tachartasan

- A' co-obrachadh leis a' Mhanaidsear Aoigheachd gus goireasan na Colaiste a mhargaideachadh is a reic a rèir thargaidean ionmhais na Colaiste
- Ag obair leis a' Mhanaidsear Aoigheachd gus tachartasan is co-labhairtean a ruith tron bhliadhna
- Taic a thoirt don Mhanaidsear Aoigheachd a thaobh rianachd, fhairealan is eagrachadh nan diofar cho-labhairtean is tachartasan
- Fàirdealan tachartasan is àiteachan-fuirich a chruinneachadh is a chur gu roinn an ionmhais
- Rannsachadh a dhèanamh air gach tachartas is co-labhairt gus beachdan fhaighinn air ais bho dhaoine agus siostaman a leasachadh is fèin-luachadh a dhèanamh orra

- Ann an co-obrachadh le na diofar roinnean, a bhith ag amas air ìre seirbheis àrd a thabhainn do gach neach-ceannach a thig tron doras

### Bùth na Colaiste

- A bhith os cionn na bùtha agus a' dearbhadh gum bi prothaid a' tighinn às gach bliadhna
- Ag ùrachadh stoc na bùtha a rèir feumalachdan an luchd-ceannachd
- Ag òdachadh stoc agus a' cumail smachd air cosgaisean na bùtha
- Ann an co-bhonn ris an luchd-teagaisg agus an Leabharlann, a' dearbhadh gu bheil leabhraichean iomchaidh airson nan cùrsaichean anns a' bhùth thar na bliadhna (toiseach gach teirm ùr, cùrsaichean goirid msaa)
- A' sanasachadh agus a' margaideachadh thachartasan sònraichte gus aire dhaoine a tharraing gu stuthan na bùtha, m.e., aig toiseach an teirm, aig àm nan cùrsaichean goirid, aig àm na Nollaige, òraidean rannsachaidh far a bheil leabhraichean co-cheangailte sa bhùth msaa.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil prìsean agus cosgaisean aig ìrean iomchaidh

### Oileanaich

- A' dèiligeadh agus a' conaltradh ri oileanaich gu làitheil mar a bhios iomchaidh agus ann an dòigh phroifeiseanta
- A bhith mothachail air cùram nan oileanach air làrach na Colaiste agus ann an àiteachan-fuirich na Colaiste

### Dleastanasan eile

- Dleastanasan an Ionaid Fàilte a ghabhail os làimh nuair a tha feum air (saor-làithean, tinneas msaa)
- A bhith a' leantainn riaghailtean slàinte is sàbhailteachd
- Ag aithneachadh agus a' cur taic ri leasachadh càileachd na bhios a' Cholaiste a' tabhann a thaobh aoigheachd
- Trèanadh sam bith a dhèanamh mar a thèid iarraidh no aontachadh
- Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm

*Seo tuairisgeul na h-obrach mar a tha e. Sa chumantas, thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus a' mhanaidsear aige no aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris an neach-obrach mun chùis.*

An t-luchar 2022

## Sònrachadh Pearsa

Feartan	Riathanach	Feumail
Teisteanasan agus trèanadh proifeasanta no dreuchdail	<ul style="list-style-type: none"> <li>Foghlam aig ìre Àrd-ìre no co-ionann</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dioplòma / SVQ ann an Stiùireadh Aoigheachd</li> <li>Teisteanas Ciad Chobhair</li> </ul>
Eòlas	<ul style="list-style-type: none"> <li>Eòlas air a bhith a' stiùireadh sgioba seirbheis ann an ionad còmhnaidh/neo-chòmhnaidh</li> <li>Eòlas làidir agus follaiseach ann a bhith a' toirt seachad cùram chustamairean aig àrd-ìre</li> <li>Eòlas obrach air siostaman glèidhidh àite-fuirich agus/no eòlas math air ICT</li> <li>Eòlas fàilteachaidh, aoigheachd, agus stiùireadh thachartasan.</li> <li>Co-obrachadh le roinnean eile gus seirbheis àrd-inbhe a libhrigeadh do luchd-cleachdaidh</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Eòlas mar leas-mhanaidsear ann an àiteachan-fuirich oileanach agus/no ionad còmhnaidh cho-labhairtean</li> <li>Co-dhiù dà bhliadhna mar leas-mhanaidsear ann an àrainneachd foghlaim no gnothachas le diofar ionadan</li> <li>Eòlas air seirbheisean àite-fuirich</li> <li>Eòlas farsaing ann am pasganan IT gus cuideachadh le smachdan riaghlaidh</li> </ul>
Feartan pearsanta, sgilean agus luachan	<ul style="list-style-type: none"> <li>Neach-ionnsachaidh na Gàidhlig, le ùidh ann a bhith a' leasachadh nan sgilean cànan aca fhèin is daoine eile a bhrosnachadh ann an àrainneachd Ghàidhlig</li> <li>Sgilean conaltraidh agus eadar-phearsanta air leth èifeachdach</li> <li>Sgilean stiùiridh soilleir agus èifeachdach</li> <li>Deagh sgilean stiùireadh dhaoine</li> <li>Comas làidir air daoine fa leth a leasachadh tro bhrosnachadh, chonaltradh agus thrèanadh</li> <li>Comas duilgheadasan a mhion-sgrùdadh, cothroman a leasachadh agus fuasglaidhean a chur an gnìomh</li> <li>Sàr-sgilean rianachd ùine agus eagrachaidh</li> <li>Deònach ionnsachadh</li> <li>Sùil mhionaideach is gheur, sgiobalta agus air do dheagh èideadh an-còmhnaidh</li> <li>Comas a bhith ag obair leat fhèin agus mar phàirt de sgioba</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Fileanta sa Ghàidhlig</li> <li>Eòlas air stiùireadh phròiseactan</li> <li>Eòlas ann a bhith a' leasachadh, a' stiùireadh agus a' margaideachadh sheirbheisean ùra</li> <li>Dealas do chùisean àrainneachd</li> <li>Eòlas air roinn an fhoghlaim</li> <li>Comasach air atharrachaidhean a chur an gnìomh gu soirbheachail</li> </ul>

### Uairean obrach

35 uairean san t-seachdain, ag obair 5 latha a-mach à 7, a' gabhail a-steach an deiridh-sheachdain. Faodaidh seo a bhith ann an sioftaichean dìreach no sgolte a rèir riathanais. Dh'fhaodadh gum bi feum air uairean a bharrachd aig amannan, air sgàth shaor-làithean no tinneis.

### Saor-làithean bliadhnail

35 latha, a' gabhail a-steach saor-làithean poblach (le 10–12 latha air an gabhail aig àm na Nollaige).

### Sgèile tuarastail

Sgèile J22–J28 (£27,937–£34,238) gach bliadhna, pro rata, a rèir eòlais.

Bidh pàigheadh a' dol do chunntas banca ainmichte air an latha obrach mu dheireadh den mhìos.

Tha sgeama peinnsein aig a' Cholaiste a tha fosgailte don luchd-obrach air fad.

Airson luchd-obrach a chuideachadh gus inbhe seirbheis de àrd-chàileachd a ghleidheadh, feumalachdan trèanaidh aithneachadh agus gus cuideachadh le leasachadh pearsanta gach neach-obrach, bidh measadh bliadhna aig gach neach-obrach leis an neach-stiùiridh no manaidsear aca.

Tha Sabhal Mòr Ostaig dichealleach gus làn-thaic a thoirt dhut ann a bhith a' leasachadh do sgilean Gàidhlig agus thèid iomadh cothrom ionnsachaidh a thabhan dhut airson seo.

**'S e Fastaiche Co-ionannachd Chothroman a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig.**

**Bidh fastadh don dreuchd an urra ri sgrùdadh Disclosure Scotland agus iomraidhean.**

### Foirm-iarrtais

Tillibh am foirm-iarrtais agaibh tro post-d gu [obair@uhi.ac.uk](mailto:obair@uhi.ac.uk).

Sgioba Sgiobachd  
Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8QR

Ceann-latha airson iarrtasan: Diluain, 8mh An Lùnastal 2022

### Fios mu Shabhal Mòr Ostaig

'S e àrainneachd ionnsachaidh air leth a th' aig Sabhal Mòr Ostaig, far a bheil na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig – an aon cholaiste den t-seòrsa san t-saoghal. 'S ann ann an sgìre de bhòidhchead nàdarraich ann an Slèite san Eilean Sgitheanach a tha Sabhal Mòr Ostaig. Bidh a' Cholaiste a' frithealadh air oileanaich còmhnaidh is neo-chòmhnaidh, luchd-obrach, agus buidhnean tadhail. Bithear a' frithealadh air diofar chuirmean is thachartasan tron bhliadhna, a' gabhail a-steach cho-labhairtean, bhainnsean, agus cùrsaichean goirid fad-seachdain. Bidh a' Cholaiste cuideachd a' cur fàilte air ghrunn aoighean chliùiteach.

### Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na sàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan, cultar is dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs le daoine fa leth, luchd-gnìomhachais agus coimhearsnachdan gus cur ri leasachadh sòisealta, cultarail agus eaconamach.

### Fiosrachadh

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin, tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail na ionad airson cànan is cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste beag spèisealta a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a' tabhann foghlam àrd-ìre agus leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha a' Cholaiste mothachail air cho cudromach 's a tha e bun-stèidh làidir a ghleidheadh airson a' chànan, a' chultair agus nan ealan, agus tha i an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart. 'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha i na com-pàirtiche acadaimigeach de dh'Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha goireasan ionnsachaidh air leth aig a' Cholaiste, leithid cruinneachadh leabharlainn air leth, àiteachan-fuirich air an àrainn agus ionad cùraim chloinne Gàidhlig. Tha sluagh eadar-mheasgte de dh'oileanaich aig a' Cholaiste, le measgachadh de dh'aoisean is bho dhùthchannan air feadh an t-saoghail. An-dràsta tha mu 60 oileanach air cùrsaichean làn-ùine air an làraich, mu 500 air cùrsaichean air astar, agus suas ri 1,000 a' clàradh air cùrsaichean goirid gach bliadhna. Ged a tha a' mhòr-chuid de na h-oileanaich againn a' tighinn à Alba is an Rìoghachd Aonaichte, bidh sinn a' cur fàilte air oileanaich bho cho fad' air falbh ri Ameireaga a Tuath, tìr-mòr na Roinn Eòrpa agus Àisia. Tha luchd-ceumnachaidh na Colaiste air a dhol air adhart gu cosnadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ann an iomadh gnìomhachas, a' cur an cuid sgilean ri cumail suas agus leasachadh a' chànan. 'S e ionad ionnsachaidh beothail a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Bidh fàilte chridheil oirbh uile.

Tha Co-ionannachd Chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig